



## Ceistean agus freagairtean

### Coimhead air duilleag 59.

#### 1. Nad fhaclan fhèin, mìnich “aoibhneas”.

*Toileachas, gàirdeachas, sòlas, sonas.*

### Coimhead air duilleag 60.

#### 2. Dè bha sgrìobhte air a’ chlàr a bha ri taobh a’ chiad sèithear-togail?

*Bha rabhadh sgrìobhte air ag innse gun robh an aimsir a’ dol a dh’fhàs na bu mhiosa mar a b’ fhaide bha an latha a’ dol air adhart. Bha an soidhne rabhaidh seo cuideachd ag innse gun robh e cunnartach a dhol ro àrd nuair a bha i uabhasach gaothach.*

#### 3. Dè bha Sìle a’ smaointinn mun phlana aig Catrìona?

*Bha i den bheachd gun robh i gòrach a bhith ag iarraidh a dhol cho àrd air a’ bheinn. Chuir Sìle na cuimhne an rabhadh a fhuair iad mun droch shìde.*

### Coimhead air duilleag 60 agus 61.

#### 4. Carson a tha Catrìona ag iarraidh am bothan fhaicinn?

*Bha i air sgeulachd a chluinntinn mu dhuine annasach a bha a’ fuireach anns a’ bhothan agus bha i airson coinneachadh ris.*

### Coimhead air duilleag 62

#### 5. Tagh abairt a tha ag innse gur e Catrìona a bha tric os cionn na buidhne.

*“A-mach às a’ bhuidhinn, ’s i daonnan a bha na ceannard ...”*

**Coimhead air duilleag 62****6. Nad fhaclan fhèin, inns carson a thagh iad a dhol a dh'Innis Tìle seach dhan Spàinn.**

*Bha Catrìona gu làidir den bheachd gum b' urrainn dhaibh a dhol don Spàinn uair sam bith, ach ma dh'fhaodte gur e seo an aon chothrom a gheibheadh iad a dhol a dh'Innis Tìle. Fhuair am beachd sin buaidh anns a' chòmhradh a bha eatarra.*

**Coimhead air duilleag 62 agus 63****7. Carson nach robh an turas seo gu bhith uabhasach daor dhaibh?**

*Bha piuthar Catrìona ag obair aig companaidh turasachd, agus aig deireadh geamhradh sàmhach, bhiodh teaghlaichean is caraidean an luchd-obrach a' faighinn cothrom a dhol air saor-làithean air leth na prìs.*

**Coimhead air duilleag 63**

**“Bha a' ghaoth a' sèideadh mar gun robh i ag èigheachd riutha ...”**

**8. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?**

*Pearsanachadh*

**(b) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?**

*Tha e glè èifeachdach gu bheil an t-ùghdar a' cleachdadh pearsanachadh an seo. Tha an dithis eile air rabhadh a thoirt dhaibh mun t-sìde - gu bheil i ro gharbh airson a bhith air bòrd-sneachda. Chunnaic iad rabhadh sgrìobhte ri taobh an t-sèithear-togail agus cha tug iad feairt air.*

*Mar sin, tha e èifeachdach gu bheil an t-ùghdar a' toirt guth dhan ghaoith, agus gu bheil an 'guth' seo a' toirt rabhaidh eile dhaibh.*

**Coimhead air duilleag 65 - “Cha lèir dhomh càil, a Chatrìona”.****9. Dè tha an abairt seo a' ciallachadh?**

*Bha e ag ràdh ri chompanach nach b' urrainn dha sìon fhaicinn.*

**Coimhead air duilleag 66.**

**“Shuidh iad ann an sàmhchair uabhasach”**

**10. Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a bha an còrr den bhuidhinn a' faireachdainn?**

*Cha robh fhios aca dè chanadh iad ri chèile. Bha uallach mòr orra mu Chailean agus mu Catrìona. Bha iad a' smaoinichadh cho mòr mun caraidean 's nach robh iad a' faireachdainn coltach ri bruidhinn idir.*

**Coimhead air duilleag 70 agus 71.****11. Nad fhaclan fhèin, inns carson a thug am bodach dhaibh an dealan-dè?**

*Bha am bodach a' creidsinn gun robh cumhachdan sònraichte aig na dealain-dè agus gun cumadh fear dhiubh iad beò, sàbhailte air an t-slighe air ais bhon bheinn.*

**Beachdaich air an loidhne mu dheireadh san sgeulachd.**

**“Cha chreid sibh seo...”.**

**12 (a) Dè an sgil-sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?**

*Ellipsis*

**(b) Inns carson a tha seo èifeachdach.**

*Tha e èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' samhachadh nach tuirt Catrìona an còrr, nach robh fios aig càch dè chanadh iad agus gun robh sàmhchair ann agus iad uile a' coimhead air an dealan-dè le iongnadh. Ach tha e a' toirt fa chomhair an leughadair gu bheil sgeulachd inntinneach aig Cailean agus Catrìona ri innse do chàch, mar a thachair dhaibh shuas air a' bheinn agus mar a lorg iad am bothan agus a choinnich iad ris a' bhodach.*

**(c) An e crìoch làidir a tha seo air an sgeulachd? Minich do bheachd.**

*Freagairt iomchaidh sam bith agus beachd pearsanta.*